



PLANA GÀIDHLIG SFC 2022-27

AIR A DHEASACHADH FO ACHD (ALBA) NA GÀIDHLIG 2005
AIR AONTACHADH LE BÒRD NA GÀIDHLIG AIR 8 GEARRAN 2022



Comhairle Maoineachaidh na h-Alba
Scottish Funding Council

25 MART 2022

CLÀR-INNSE

FACAL-TOISICH	5
RO-RÀDH	7
Tuairisgeul de SFC	7
Gàidhlig aig SFC	9
Ar Lèirsinn airson obair le Gàidhlig	9
Ag àbhaisteachadh Gàidhlig ann am poileasaidhean is bun-ghnìomhan SFC	10
Gàidhlig ann an Alba	10
Achd (Alba) na Gàidhlig 2005	12
Plana Nàiseanta na Gàidhlig	13
Sgrùdadh comas air Gàidhlig taobh a-staigh a’ bhuidhinn	15
Co-chomhairleachadh mun dreachd-phlana Ghàidhlig	15
PRIONNSAPALAN BUNAITEACH	17
Spèis cho-ionann	17
Tairgse ghnìomhach	18
Àbhaisteachadh na Gàidhlig	18
RÙINTEAN A’ PHLANA	18
Àrd-amasan	18
Amasan airson seirbheisean corporra	24
Inbhe	24
Conaltradh leis a’ phoball	25
Fiosrachadh	25
Luchd-obrach	26
Corpas na Gàidhlig	27

CEANGLAICHEAN RIS AN FHRÈAM AIRSON DÈANADAIS NÀISEANTA	29
FOILLSEACHADH	32
Foillseachadh agus follaiseadh a’ phlana	32
Taobh a-staigh a’ bhuidhinn	32
Taobh a-muigh a’ bhuidhinn	32
A' CUR STÒRAIS RIS A' PHLANA	32
A’ SGRÙDADH A’ PHLANA	32
PLANA NA GÀIDHLIG ANN AN SFC	32
Uallach iomlan airson a’ phlana	32
Uallach làitheil airson a’ phlana	32
Buidheann airson Plana na Gàidhlig a chur an gnìomh ’s a sgrùdadh	33
A’ conaltradh ri luchd-obrach	33
Buidhnean leth-eisimeileach agus treas phàrtaidhean	33
SGRÙDADH AIR COMAS GÀIDHLIG TAOBH A-STAIGH A’ BHUIDHINN	34
CO-CHOMHAIRLEACHADH POBLACH: MION-AITHRIS	35
Às-earrainnean bho fhreagairtean don cho-chomhairleachadh	35

DEALBH CÒMHDAICH:
CITY OF GLASGOW COLLEGE
MORAY COLLEGE
UNIVERSITY OF ABERDEEN
ROYAL CONSERVATOIRE OF SCOTLAND
UNIVERSITY OF THE HIGHLANDS AND ISLANDS

DEALBH: UNIVERSITY OF GLASGOW



FACAL-TOISICH

Karen Watt, Àrd-oifigear

Tha cànan cudromach. Tha iad luaidhte ann an eachdraidhean, cultaran, cruthan-tìre is eòlas. Ann am faclan eile, tha iad brìghmhor a thaobh fèin-aithne is ionannachd. 'S iomadh nàisean, coltach ri Alba, aig a bheil còrr is aon chànan agus a tha air a mhathachadh leis a' chothrom a tha sin a' buain dhaibh, gu h-àraidh ann am foghlam.

Tha sinn ag aithneachadh luach nan cànan. Tha Gàidhlig, ann an coitcheannas le Beurla nan Gall is Cànan Soidhnidh Bhreatainn, a' meudachadh an t-seallaidh againn agus a' cur ris an àite àraidh aig Alba san t-saoghal. Tha e cudromach dèanamh cinnteach gu bheil Gàidhlig "a' dleasadh spèis cho-ionann ris a' Bheurla mar chànan oifigeil na h-Alba" (faclan Achd na Gàidhlig).

Aig SFC, tha sinn fhathast ag aithneachadh an luach a bheir iomadachd cànan do dh'Alba a thaobh a bhith a' togail dhàimhean is a' leasachadh ar cor-beatha. Tha sinn ag aithneachadh nan dùbhlannan ron Ghàidhlig cuideachd. Tha sinn a' làimhseachadh na Gàidhlig le meas is miadh anns an obair againn air fad. Leanaidh sinn oirnn a' cur rithe far a bheil an dleastanas agus a' bhuaidh sin againn.

Seo an treas eagan den Phlana Ghàidhlig againn a chuir sinn ri chèile aig àm galar-sgaoilte COVID-19. Ann an coitcheannas le ar compàirtichean foghlaim is iomairt ann an Alba, agus gu dearbh le buidhnean air feadh an t-saoghail, tha SFC a' beachdachadh an-dràsta fhèin air an dòigh as urrainn dhi cuideachadh le



ath-shlànachadh sòisealta, eaconamach. Tha seo a' tighinn an lùib nan dlùth-raointean fo ar n-uallach agus, ann an seagh farsaing, mar phàirt de dh'oidhirp nàiseanta nas motha.

An cois buaidh a' ghalair-sgaoilte air an t-saoghal, tha cothroman ann a bharrachd air dùbhlain. Ged a chaidh ar crìochan a chuingealachadh aig ìre ionadail, tha sinn a' leudachadh cuideachd leis gu bheil conaltradh air-loidhne a' dol thar cnapan-starra astair. Obraichidh sinn le raon nan colaistean is nan oilthighean againn gus a bhith a' comharrachadh nan cothroman seo agus mar a chumas iad taic ri beachdan a thàinig à còmhraidhean le Ministirean a thaobh dhòighean ùra air Gàidhlig a neartachadh sna coimhearsnachdan aice.

Le foillseachadh is lìbhrigeadh ar Plana Ghàidhlig 2022-2027, tha SFC a' dol an urras gun gabh i pàirt ro-innleachdail mar thaic don Ghàidhlig soirbheachadh sna coimhearsnachdan aice air fad.



RO-RÀDH

TUAIRISGEUL DE SFC

'S e Comhairle Maoineachaidh Foghlam Adhartach is Àrd-Ìre na h-Alba (SFC) am buidheann ro-innleachdail, nàiseanta air a bheil uallach airson a bhith a' maoineachadh teagasg is ionnsachadh, rannsachadh agus gnìomhachdan eile sna 26 colaistean is 19 oilthighean is institiuidean àrd-ìre aig Alba (HElan). Bidh sinn a' toirt mu £1.9 billean seachad sa bhliadhna mar thaic don obair seo.

Tha dleastanas reachdail oirnn sàr-fhoghlam adhartach is àrd-ìre le colaistean is oilthighean ann an Alba (agus obair rannsachadh) urrasachadh le bhith a' maoineachadh raon nan colaistean is oilthighean ann an Alba.



DEALBH: ROBERT GORDON UNIVERSITY

Gheibhear eadar 11 is 14 buill air Bòrd SFC, a bharrachd air a’ Chathraiche is Àrd-oifigear. Tha buill Bòrd na Comhairle air an a cur an dreuchd le Prìomh Mhinistear na h-Alba agus tha uallach coitcheann orra a bhith a’ dèiligeadh gu h-ìomchaidh ri gnothaichean na Comhairle. Chan eilear gan cur an dreuchd mar riochdairean bhuidhnean fa leth.

Tha taic ga cumail ri Bòrd na Comhairle le mu 115 luchd-obrach (106 làn-tìde) a tha suidhichte ann an ionad ann an Dùn Èideann. Tha an obair ga cur air dòigh le ceithir roinnean-stiùiridh: Rannsachadh is Ùr-ghnàthachas; Cothrom, Ionnsachadh agus Builean; Poileasaidh, Lèirise agus Anailitigs; Ionmhas agus Seirbheisean Corporra.

San Ògmhios 2020, dh’iarr Ministearan Albannach air SFC ath-sgrùdadh a dhèanamh air an dòigh a b’ fheàrr a choileanadh i am misean aice sna h-amannan caochlaideach seo a thaobh a bhith ag urrasachadh solar so-leantainn le buidhnean foghlaim an dèidh aois 16 bliadhna, is obair rannsachaidh. Chaidh beachdachadh air na h-atharraichean a dh’fheumar toirt air na frèamaichean ionmhais, obrach is cunntalachd gus freagairt gu h-èifeachdach ris na dùbhlain is cothroman ùra a thàinig an cois COVID-19. Chomhairlich i Ministearan air atharraichean buntainneach a tha ri dhèanamh air maoineachadh poileasaidh airson foghlaim treas-ìre is rannsachaidh. Chaidh an t-ath-sgrùdadh a chrìochnachadh ’s fhoillseachadh as t-samhradh 2021 agus dh’fhoillsich Riaghaltas na h-Alba an fhreagairt aige ris san Dàmhair 2021.

Ri linn na h-obrach seo, tha sinn a’ beachdachadh air dòigh ath-leasaichte dèiligeadh ri cunntalachd is conaltradh institiùideach san àm ri teachd, agus bidh Frèam Buileachaidh is Buaidh an lùib seo. Bheir sinn sùil air gealltanasan ar Plana Ghàidhlig a-rithist nuair a bhios seo ullamh gus ar taic leantainneach ri àrd-amasan Bòrd na Gàidhlig is euchd-mhiannan Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chinnteachadh; is lorgaidh sinn cothroman cur ri stiùireadh ùr a thèid comharrachadh ann am Planaichean Nàiseanta Gàidhlig eile an dèidh seo.

GÀIDHLIG AIG SFC

Tha SFC a’ brosnachadh na Gàidhlig sna raointean a leanas:

- Maoinean bunaiteach do cholaistean is oilthighean na h-Alba: thèid seo a shònrachadh nuair a bhithear ag aontachadh nam builean aig institiùidean fa leth. An lùib na taice seo, gheibhear àitean maoinichte do dh’oileanaich na Gàidhlig (is foghlam do thidsearan), maoinean as urrainnear cleachdadh mar thaic do rannsachadh is iomlaid eòlais eadar luchd-obrach aig a bheil buntainneas don Ghàidhlig, agus taic do ghnìomhan coitcheann eile le institiùidean, a’ gabhail a-steach na h-obair aca len luchd-obrach is oileanaich fhèin agus na coimhearsnachdan làimh riutha.
- Maoinean sònraichte do ghnìomhan cuimsichte ann an roinn an fhoghlaim adhartach is àrd-ìre: leithid taic do Faclair na Gàidhlig, Bliadhna Bhogaidh Oilthigh Ghlaschu is Cùrsa Còmhnaidheil Bogadh na Gàidhlig aig Colaistean na h-Alba.
- Conaltradh is co-chòrdadh le buidhnean compàirteach; mar eisimpleir, ag obair le Riaghaltas na h-Alba a thaobh “ìre adhartais nas luaithe” airson na targaidean ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig a thoirt gu buil.
- Pròiseasan gnìomhach mar thaic don obair poileasaidh gu h-àrd; leithid eadar-theangachaidh, cleachdadh na Gàidhlig ann an Conaltradh agus dèanamh cinnteach gun tèid beachdachadh air mion-chànain nuair a bhithear a’ measadh na buaidh aig co-ionannachd.
- Mar fhastaiche, a’ cumail taic ri dleastanasan luchd-obrach a thaobh na Gàidhlig; leithid trèanadh luchd-obrach, cùrsaichean mothalachd na Gàidhlig, is dèanamh cinnteach gu bheil Gàidhlig ri faicinn san àrainn obrach.

AR LÈIRSINN AIRSON OBAIR LE GÀIDHLIG

Mar Chomhairle Maoineachaidh, tha lèirsinn againn fhathast a bhith a’ cumail suas amasan làithreach is teachdail nam Planaichean Gàidhlig Nàiseanta, gu h-àraidh gus a bhith a’ toirt fàs air na cothroman ann an roinn colaistean is oilthighean na h-Alba air Gàidhlig ionnsachadh is a chleachdadh. Le seo tha sinn an dòchas gun cùm ar n-obair taic ri fàs nan cothroman air Gàidhlig a chleachdadh is ionnsachadh ann an coimhearsnachdan, àitean-obrach is àrainneachdan ionnsachaidh na h-Alba nach eil fo ar buaidh dhìreach, ri fàs ann an conaltradh eadar coimhearsnachdan Gàidhlig is na h-institiùidean fo ar sgiath, agus ri àite sòisio-eaconamach nas treasa don Ghàidhlig ann an Alba.

San àite-obrach againn fhìn, bheir sinn spèis is rùn do dh’iomadachd cultair is cainnt, san dòigh a bhios sinn a’ dèiligeadh ris a’ phoball agus anns na cothroman leasachaidh againn do luchd-obrach SFC. Bidh ar dealas fhèin na eisimpleir do na h-institiuitean fo ar sgiath nuair a bhios sinn a’ cur dleastanas orra a thaobh na Gàidhlig.

AG ÀBHAISTEACHADH GÀIDHLIG ANN AM POILEASaidHEAN IS BUN-GHNÌOMHAN SFC

Tuigear gum bi cothroman air Gàidhlig a bhrosnachadh ’s a leasachadh a’ tighinn an uachdar air tàilleabh modhan poileasaidh an latha an-diugh is a-màireach. Nì sinn sgrùdadh air na rùintean poileasaidh làithreach ’s teachdail gus àitean a chomharrachadh far an urrainnear Gàidhlig gabhail a-steach a dh’aon obair agus dèiligeadh ri prìomhachasan a’ Phlana Ghàidhlig Nàiseanta.

Ann an dealbhadh, ath-nuadhachadh is sgrùdadh phoileasaidhean, nì sinn oidhirp dearbhadh gum bi na buaidhean air Gàidhlig ann an co-rèite le Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

GÀIDHLIG ANN AN ALBA

Sheall Cunntas-sluaigh 2011 gu bheil Gàidhlig aig 57,375 daoine ann an Alba (1.08% de dh’àireamh an t-sluaigh). ’S e seo crìonadh an dèidh an 58,652 (1.16%) a chaidh a chlàradh ann an Cunntas-sluaigh 2001. Sheall cunntasan-sluaigh roimhe crìonaidhean nas motha san àireamh de dh’fhileantaich:



CUNNTAS-SLUAIGH	Gàidhlig ann an Alba					
	1961	1971	1981	1991	2001	2011
Fileantaich	80,987	88,892	79,304	65,978	58,652	57,375
%	1.56%	1.70%	1.57%	1.32%	1.16%	1.08%
Atharrachadh	-14,460	7,905	-9,588	-13,326	-7,326	-1,277

Ge-tà, eadar cunntasan 2001 agus 2011, mheudaich an àireamh de dh’fhileantaich fo aois 20 bliadhna anns gach roinn-seòrsa. Agus tha an àireamh de chloinn-sgoile ann am foghlam Gàidhlig a’ sìor-èirigh. Eadar bliadhna cunntais 2011 is 2019, dh’èirich àireamh nan sgoilearan Gàidhlig le beagan is 1,700. Nuair a bhios daoine òga aig a bheil sgilean Gàidhlig a’ fàgail na sgoile, bìdh dùil aca ri saoghal coltach ris na bh’ aca ann am foghlam adhartach is àrd-ìre.

Gheibhear clàran Bòrd na Gàidhlig, a tha a’ sealltainn àireamhan de sgoilearan is tidsearan ann am foghlam Gàidhlig, gu h-ìosal.

Cuideachd, chlàraich Cunntas 2011 fileantaich Ghàidhlig anns gach ceàrn de dh’Alba. Fhuaras na h-àireamhan as motha anns na h-Eileanan an Iar (far an deach còrr is leth-chuid dhen t-sluagh a chlàradh mar fhileantaich Ghàidhlig), sa Ghàidhealtachd, Baile Ghlaschu, Earra-Ghàidheal is Bòd agus Baile Dhùn Èideann. Tha foghlam Gàidhlig a’ soirbheachadh ann an Dùn Èideann is Glaschu far a bheil coimhearsnachdan làidir de dh’fhileantaich anns an dà bhaile.

Mar bhuidheann nàiseanta, tha luchd-ionnsachaidh, fileantaich, feadhainn le sgilean Gàidhlig eile, coimhearsnachdan is buidhnean na Gàidhlig uile a’ fuireach anns na crìochan tìre sa bheil sinn ag obrachadh.



ACHD (ALBA) NA GÀIDHLIG 2005

Chaidh Achd na Gàidhlig 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil na h-Alba le spèis cho-ionann ris a’ Bheurla Shasannach.

Mar aon de na nithean bunaiteach ann an Achd 2005, tha earrainn ann a’ toirt comas do Bhòrd na Gàidhlig iarraidh air ùghdarrasan poblach Plana Gàidhlig a dheasachadh. Chaidh seo ullachadh a dhèanamh cinnteach gu bheil an roinn phoblach ann an Alba a’ gabhail compàirt ann an seasmhachd theachdail na Gàidhlig le bhith ag àrdachadh inbhe is ìomhaigh a’ chànan agus a’ dealbhadh chothroman practaigeach airson feum a dhèanamh dhith.

Chaidh am Plana Gàidhlig seo aig SFC a dheasachadh fo Achd (Alba) na Gàidhlig 2005. Tha e a’ suidheachadh an dòigh a bhios sinn a’ cleachdadh Gàidhlig nar n-obair, an dòigh san toir sinn comas air cleachdadh na Gàidhlig ann an conaltradh leis a’ phoball is le prìomh-chompàirtichean, is an dòigh a bhios sinn a’ brosnachadh ’s a’ leasachadh na Gàidhlig.

Chaidh Plana Gàidhlig SFC a dheasachadh ann an co-rèite ri riatanasan reachdail air an cur an cèill ann an Achd 2005 a thaobh Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus ris an Stiùireadh air Leasachadh nam Planaichean Gàidhlig.

’S e seo an treas eagraan de Phlana Gàidhlig SFC. Thug Bòrd na Gàidhlig aonta don chiad Phlana Ghàidhlig aig SFC air 15 Dùbhlachd 2009 agus chaidh sin fhoillseachadh air 26 Gearran 2010.



DEALBH: FIFE COLLEGE

PLANA NÀISEANTA NA GÀIDHLIG

Tha SFC a’ cur taic ri amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23 gun tèid “Gàidhlig a chleachdadh nas trice, le tuilleadh dhaoine ’s ann an raon nas fharsainghe de shuidheachaidhean.”

Tha sinn a’ gealltainn gun toir sinn an t-amas sin gu buil le bhith a’ leigeil cuideam air na trì prìomh chuspairean gu h-ìosal:

- A’ meudachadh cleachdadh na Gàidhlig sa bhuidheann againn is a’ misneachadh barrachd dhaoine gus Gàidhlig a chleachdadh nas trice ann an conaltradh leinn.
- A’ meudachadh chothroman do dhaoine Gàidhlig ionnsachadh mar phàirt dhen obair làitheil againn.
- A’ brosnachadh deagh-ìomhaigh na Gàidhlig nuair as urrainn dhuinn mar phàirt dhen obair làitheil againn mar bhuidheann.

San ath-sgrùdadh air prìomhachasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23, chomharraich sinn raointean far an urrainn do SFC cuideachadh leis. Gheibhear fiosrachadh mu na tha fo ar sgiath anns na leanas. Tha na rùintean libhrigidh air am mìneachadh ann an earrainn nan rùintean den phlana seo.

A’ meudachadh cleachdadh na Gàidhlig	
PRÌOMHACHAS NGLP	COMPÀIRTEAN BUNTAINNEACH SFC
Iomairtean a tha a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an dachannan is coimhearsnachdan	coimhearsnachdan nan colaistean is oilthighean
Iomairtean a tha a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig le daoine òga	oileanaich
Gàidhlig anns na meadhanan seann-nòsach is ùr-nodha	ullachadh sgilean
Gàidhlig sna h-ealain is sna gnìomhachasan foillseachaidh is cruthachail	ullachadh sgilean
Planaichean Gàidhlig	SFC, compàirtichean, colaistean is oilthighean
Gàidhlig san àite-obrach	taobh a-staigh SFC, colaistean is oilthighean
cleachdadh na Gàidhlig ann an dualchas, turasachd, biadh is deoch, is ann an gnìomhachasan na h-àrainneachd is nan dibhearsan	ullachadh sgilean
Iomairtean a tha a' neartachadh beartas, buntainneas is cunbhalachd cainnt	m.e. Faclair na Gàidhlig
Iomairtean a tha a' brosnachadh cheanglaichean Gàidhlig thall-thairis is le mion-chànain	m.e. Soillse, Institiud Eòlais Chànain

A' meudachadh ionnsachadh na Gàidhlig	
PRÌOMHACHAS NGLP	COMPÀIRTEAN BUNTAINNEACH SFC
Gàidhlig san teaghlach	
Trusadh, gleidheadh, trèanadh is solar feachd-obrach aig a bheil Gàidhlig	colaistean is oilthighean
Goireasan is taic do dh'ionnsachadh	m.e. Faclair na Gàidhlig
Gàidhlig ann an Tràth-ionnsachadh is Cùram-cloinne (ELC)	trèanadh is àiteachan airson feachd-obrach
Foghlam Gàidhlig (GME) ann am bun-sgoiltean is àrd-sgoiltean	trèanadh feachd-obrach
Foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (GLE) ann am bun-sgoiltean is àrd-sgoiltean	trèanadh feachd-obrach
Gàidhlig ann am Foghlam Àrd-ìre is Adhartach	colaistean is oilthighean
Ionnsachadh Gàidhlig le inbhich	taobh a-staigh SFC, colaistean is oilthighean

A' brosnachadh deagh-iomhaigh na Gàidhlig	
PRÌOMHACHAS NGLP	COMPÀIRTEAN BUNTAINNEACH SFC
Taic ri Gàidhlig bho Riaghaltas, Pàrlamaid na h-Alba agus taic phoilitigeach nas fharsainghe	
Planaichean Gàidhlig air an cur an gnìomh le ùghdarrasan poblach (ùghdarrasan ionadail is buidhnean poblach)	
A' brosnachadh deagh-iomhaigh na Gàidhlig is a' togail aire le: • Meadhanan Gàidhlig is meadhanan eile. • Foghlam Gàidhlig aig a h-uile ìre. • Ealain Ghàidhlig.	SFC, colaistean is oilthighean
A' brosnachadh luach sòisealta, eaconamach is cultarach na Gàidhlig	
Teachdaireachdan math, deimhinneach mun Ghàidhlig, dà-chànanachas, 's mu iomadachd is mu bhith a' cur fàilte air daoine de gach seòrsa	SFC, colaistean is oilthighean

Is dòcha gur urrainn dhuinn obair còmhla ri institiuiden air freagairtean do na prìomhachasan ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig airson Gàidhlig ann an coimhearsnachdan: eileanach is dùthchail; bailtean is mòr-bhailtean; coimhearsnachdan air an co-cheangal le teicneòlas.



DEALBH: UNIVERSITY OF ABERDEEN

SGRÙDADH COMAS AIR GÀIDHLIG TAOBH A-STAIGH A' BHUIDHINN

Bidh SFC a' measadh sgilean Gàidhlig an luchd-obrach le suirbhidhean gach bliadhna. Rinn sinn an sgrùdadh as ùire sa Mhàrt 2020, agus fhuair sinn freagairtean aig ìre 86.8%.

A' cleachdadh Frèam Coitcheann Fiosrachaidh do Chànain na h-Eòrpa (CEFR), tha deannan (nas lugha na 5%) luchd-freagairt ag agairt comas Gàidhlig aig ìrean A2¹. Chan eil a' mhòr-chuid de luchd-freagairt (còrr is 95%), ge-tà ag agairt ach beagan no tha iad ag ràdh nach eil comas Gàidhlig idir aca (ged a tha 10.1% dhiubh seo “ag aithneachadh, a' tuigsinn agus, ma bheirar brosnachadh dhaibh, a' cleachdadh corra abairt làitheil is bun-abairt fìor shìmplidh”). Chan eil fileantaich Ghàidhlig againn idir ged a tha grunn luchd-ionnsachaidh ann.

¹ 'S urrainn dhut seantansan is abairtean bitheanta co-cheangailte ri cuspairean a bhuineas gu dlùth dhut a thuigsinn (m.e. fiosrachadh pearsanta is teaghlaich gu math sìmplidh, bùthan, sgìre, obair). 'S urrainn dhut còmhraidh a chumail mu charan sìmplidh, àbhaisteach nach fheum ach iomlaid fiosrachaidh shìmplidh, dìreach mu dheidhinn ghnothaichean aithnichte, àbhaisteach. 'S urrainn dhut tuairisgeul a dhèanamh ann am faclan sìmplidh mu eachdraidh do bheatha, mun àrainn timcheall ort is mu ghnothaichean a bhuineas do nithean riatanach aig an àm sin.

Cumaidh sinn an dàta mu sgilean Gàidhlig an luchd-obrach againn suas le suirbhidhean bliadhna is le bhith a' clàradh fiosrachadh mun trèanadh a thugadh dhaibh.

CO-CHOMHAIRLEACHADH MUN DREACHD-PHLANA GHÀIDHLIG

Ri linn dàil o bhuaidh COVID-19 air obair san roinn phoblach an 2020, chuireadh maille air co-chomhairleachadh mun phlana seo. Thug sinn dreachd den phlana do Bhòrd na Gàidhlig san t-Sultain 2020. An dèidh sin, chaidh co-chomhairleachadh fhosgladh airson freagairtean bhon phoball, compàirtichean is co-obraichean eadar 3 Samhain is 15 Dùbhlachd 2020. A bharrachd air foillseachadh coitcheann, is fios a chur gu buidhnean is daoine aig an robh compàirt shoilleir sna raointean fo ar n-uallach, Gàidhlig nam measg, rinn sinn oidhirp shònraichte fios a chur gu càch aig a bheil compàirt ann an co-ionannachdan is ann an daoine aig a bheil feartan comharraichte fo dhìon. Fhuair sinn 17 freagairtean, a' mhòr-chuid bho cholaistean is oilthighean na h-Alba.



PRIONNSAPALAN BUNAITEACH

SPÈIS CHO-IONANN

Fo chumhaichean Achd 2005, tha Bòrd na Gàidhlig ag obair gus inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil na h-Alba le spèis cho-ionann ris a' Bheurla Shasannach.

Nuair a thèid Gàidhlig a ghabhail a-steach mar phàirt den obair is seirbheisean againn, nì SFC cinnteach gum bi sin aig inbhe is ìre mhathais co-ionann ris na tha sinn a' tabhann ann am Beurla.



DEALBH: SCOTLAND'S RURAL COLLEGE

TAIRGSE GHNÌOMHACH

Leanaidh SFC oirre a' cur sheirbheisean Gàidhlig an tairgse a' phobaill agus an luchd-cosnaidh againn gu gnìomhach. Nì seo cinnteach gum bi fios aig luchd-cleachdaidh Gàidhlig gu bheil sinn a' tabhann sheirbheisean Gàidhlig, 's gu bheil sinn gam brosnachadh gus an cleachdadh.

Tarraingidh seo an t-uallach air falbh bhon neach fhèin a bhith ag iarraidh na seirbheise agus misnichidh e luchd-cleachdaidh Gàidhlig leis gum bi fios aca gun tèid am feuman a choileanadh ma roghnaicheas iad seo.

Nì sinn cinnteach gum bi cothrom air na seirbheisean Gàidhlig againn a cheart cho math 's a tha cothrom air na seirbheisean Beurla againn.

ÀBHAISTEACHADH NA GÀIDHLIG

Mar thaic do dh'amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23, nì SFC cinnteach gum bi cothroman aig a' phoball is an luchd-obrach againn air Gàidhlig a chleachdadh gu h-àbhaisteach, is gun tèid Gàidhlig a chleachdadh nas trice, le tuilleadh dhaoine agus ann an caochladh shuidheachaidhean a bharrachd.

RÙINTEAN A' PHLANA

ÀRD-AMASAN

Chaidh ceithir àrd-amasan airson eagraan ùr de Phlana Gàidhlig SFC a chomharrachadh le Bòrd na Gàidhlig ann an co-bhann ri SFC, is fo aonta Riaghaltas na h-Alba, mar a leanas:

- Cuir air adhart is gabh a-steach a h-uile rùn bhon t-seann-dreach de Phlana Gàidhlig Comhairle Maoineachaidh na h-Alba a tha fo uallach Comhairle Maoineachaidh na h-Alba.

- Le ballrachd den Bhòrd Ro-innleachdail airson Iomairt is Sgilean, tog a bratach gu h-àrd mu na buannachdan a thig an cois Gàidhlig do dh'eaconamaidh na h-Alba. Gheibhear mion-chunntas orra seo ann an aithisg an Ògmhios 2018 dom b' ainm 'The Gaelic Language Labour Market' le Sgilean Leasachaidh Alba agus rannsachadh a' Chèitein 2014 dom b' ainm 'Ar Stòras Gàidhlig' le Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean is compàirtichean.

- Le Aontaidhean Buileachaidh, brosnach is misnich colaistean is oilthighean gus cothroman a thoirt don luchd-obrach aca pàirt a ghabhail ann an cùrsaichean mothalachd is ionnsachadh na Gàidhlig agus aithriseadh air an adhartas a chaidh a dhèanamh.

- Le Aontaidhean Buileachaidh, dèan cinnteach gun cùm colaistean is oilthighean ris a' phrionnsapal a thaobh spèis cho-ionann do Ghàidhlig air feadh togalaichean is àrainn, oileanaich agus cultar an institiuid.

- Tha na h-earrainnean a leanas a' suidheachadh nan gnìomhan air a bheil SFC moltach ann an co-cheangal ris na h-àrd-amasan seo. Tha iad cuideachd a' gabhail a-steach amasan poileasaidh SFC a thaobh Gàidhlig co-cheangailte ri a h-obair còmhla ri colaistean is oilthighean. Leis an obair seo, tha SFC a' feuchainn ri gnìomhan math, susbainteach a chur ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig.



Cuir air adhart is gabh a-steach gach rùn bhon t-seann-dreach de Phlana Gàidhlig Comhairle Maoineachaidh na h-Alba a tha fon raon-ùghdarrais aice

Buil:

- Cuidichidh Comhairle Maoineachaidh na h-Alba le soirbheachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

An-dràsta:

- Gheibhear Plana Gàidhlig 2014-19 SFC agus na rùintean an seo (Beurla/ Gàidhlig).
- Tha gach seirbheis is goireas Gàidhlig a' dearbhadh spèis cho-ionann don Ghàidhlig is don Bheurla. Bidh tairgse gnìomhach leantainneach ann a thaobh gach seirbheis is goireas Gàidhlig.

Bidh SFC:

- A' cur air adhart 's a' toirt gu buil gach rùn bhon t-seann eagraan den Phlana Ghàidhlig againn a tha fo ar raon-ùghdarrais fhathast.
- A' cumail sùil orra, 's ag obair mar as àbhaist a dh'ionnsaigh nan rùintean sin sa Phlana Ghàidhlig 2014-19 nach deach a choileanadh 's a tha fo ar raon-ùghdarrais fhathast.



Tro bhallrachd a' Bhùird Ro-innleachdail airson Iomairt is Sgilean, a' togail a bratach mu na buannachdan aig Gàidhlig air eaconamaidh na h-Alba.

Buil:

- Ullachadh nam freagairtean do dh'fhiosrachadh cho-aimsireil a' mhargaidh-obrach, na mheasg, aithisg an Ògmhios 2018 le Sgilean Leasachaidh Alba dom b' ainm 'The Gaelic Language Labour Market' agus rannsachadh a' Chèitein 2014 dom b' ainm 'Ar Stòras Gàidhlig' le Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean is compàirtichean.

An-dràsta:

- Tha Frèam Ro-innleachdail SFC a' toirt luaidh air ar prìomh uallach airson poileasaidh nàiseanta far a bheil na cinn-teagaisg, Gàidhlig nam measg, air an ullachadh gu dòigheil. Ag obair le compàirtichean air a' Bhòrd Ro-innleachdail airson Iomairt is Sgilean, nithear co-cheangal ri eòlaichean sna colaistean is oilthighean is ri buidhnean eile, leithid Bòrd na Gàidhlig, air a bheil dleastanasan ceangailte no co-uallach airson nan raointean poileasaidh seo.
- Tha SFC a' cumail taic ri oilthighean Albannach airson solar chùrsaichean foghlaim an luchd-teagaisg, nam measg, àitean air an cumail air leth airson foghlam na Gàidhlig. Tha SFC ag obair le buidhnean compàirteachaidh air pròiseactan Ìre Adhartais nas Luaithe. Tha SFC cuideachd a' gabhail pàirt ann am Buidheann Planaidh Feachd-obrach an Luchd-teagaisg aig Riaghaltas na h-Alba, a mheasas dè an t-iarrtas a tha air àitean do luchd-teagaisg oileanach.
- Tha SFC a' cumail sùil gus faicinn a bheilear a' cleachdadh nan àitean aig cùrsaichean foghlaim a chaidh a chur air leth do luchd-teagaisg Gàidhlig.
- Tha maoineachadh SFC airson teagasg ann an colaistean is oilthighean na h-Alba a'

cumail taic ri solar ionnsachadh na Gàidhlig agus ri solar fileantaich mhisneachail na Gàidhlig don fheachd-obrach. A chòrr air seo, tha sinn a' toirt taic do thoiseach-tòiseachaidh Bliadhna Bhogaidh na Gàidhlig aig Oilthigh Ghlaschu agus do chùrsa-bogaidh goirid Gàidhlig airson cholaistean.

- Tha SFC a' cumail taic ri comas rannsachaidh is ùr-ghnàthachaidh na Gàidhlig aig Alba mar dhòigh air cuideachadh le leasachadh na Gàidhlig.
- Tha an taic againn airson rannsachadh oilthighe le Soillse (lìonra rannsachaidh nàiseanta airson Dìon is Ath-bheothachadh na Gàidhlig) a' cur ris an deasbad mu phoileasaidh na Gàidhlig le bhith a' toirt seachad fianais dhearbhte.

Bidh SFC:

- a' dèanamh cinnteach gu bheil an t-airgead a chumas sinn ri solar na Gàidhlig - aig ìre bhunaiteach, ro-innleachdail is rannsachail - ann an co-rèite ri rùintean Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus amasan a' Bhùird Ro-innleachdail, nam measg:
 - Obair le Sgilean Leasachaidh Alba gus lorg a-mach 's gabhail gu gnìomhach ris an iarrtas airson sgilean Gàidhlig (mar eisimpleir, ann an roinnean prìomhachais leithid seirbheisean sòisealta is cùram slàinte) agus ris na freagairtean do seo.
 - Cumail taic leantainneach ri comas rannsachaidh is ùr-ghnàthachaidh na Gàidhlig mar dhòigh air cuideachadh le leasachadh na Gàidhlig.
 - Brosnachadh cholaistean is oilthighean obair còmhla ri chèile a dheasachadh slighean airson sgilean Gàidhlig a leasachadh gus freagairt ris an fheum nàiseanta, bho 2023, a rèir Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28.

- a' cleachdadh prìomhachasan na h-iomairt fo stiùir Riaghaltas na h-Alba, Gàidhlig – ìre-adhartais nas luaithe, mar fhrèama a chuidicheas le lìbhrigeadh ro-innleachd nàiseanta airson foghlam luchd-teagaisg na Gàidhlig.

- Ag obair le Comhairle Choitcheann Teagasg na h-Alba air ro-innleachd airson oileanaich a thrusadh do chùrsaichean foghlam luchd-teagaisg.
- Ag obair le compàirtichean aig Ìre-adhartais nas luaithe gus dèanamh cinnteach gu bheil solar foghlaim do luchd-teagaisg is feuman luchd-fastaigh a' tighinn a rèir a chèile.
- A' cumail sùil a dh'fhaicinn a bheilear a' cleachdadh nan àitean air cùrsaichean foghlaim a chaidh a chur air leth do luchd-teagaisg Gàidhlig.

- a' cinnteachadh gu bheil slighean foghlaim na Gàidhlig air an ullachadh an taobh a-staigh roinn nan colaistean is oilthighean.

- a' cur dùbhlann romhpa is taic ri institiùdean airson beàrran ullachaidh a chomharrachadh, agus a' meudachadh an àireimh de chùrsaichean a tha ann agus an àireimh de luchd-ionnsachadh mar fhreagairt ri iarrtas, bhon bhliadhna sgoilearach 2022-23.
- Ag obair le Bòrd na Gàidhlig a chomharrachadh phrìomhachasan is amasan airson roinn nan colaistean is oilthighean, a rèir suidheachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig.
- A' comharrachadh mar a tha leudachadh ann an ullachadh cùraim-chloinne a' toirt fa-near foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.
- Ag obair le Ùghdarrasan Ionadail, Còmhhdail na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean

a dhèanamh cinnteach gu bheil ullachadh a' freagairt ri iarrtas, bho 2023, a rèir Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28.

- Tha SFC ag aideachadh gun robh soirbheachas is buaidh ann bhon obair san robh coimhearsnachdan a' gabhail compàirt anns a' Ghàidhlig air feadh na h-Alba. Leanaidh sinn oirnn ag obair le colaistean, oilthighean is buidhnean compàirteachais a tha a' gluasad air an làraich airson a bhith cinnteach gu bheil an tasgadh againn sna roinnean air leas na Gàidhlig sna trì prìomh-sheòrsachan choimhearsnachd, mar a tha air a mhìneachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig - feadhainn ann an sgìrean eileanach is dùthchail; feadhainn ann am bailtean is mòr-bhailtean; agus a' choimhearsnachd air-loidhne.
- Obraichidh SFC le colaistean is oilthighean a dhealbhadh ro-innleachd mar thaic do shìneadh a-nuas a' chànain tron obair aca sa choimhearsnachd. Lorgaidh sinn na cothroman a bheir a' bhuaidh as motha anns gach fear de na trì seòrsachan coimhearsnachd agus feuchaidh sinn ri obair le colaistean is oilthighean a tha a' gnìomhachadh sna raointean sin. Tha sinn ag aithneachadh gum b' urrainn do àrainneachd làidir Ghàidhlig a bhith na chùl-taic daingeann do chinneas eaconamach ion-ghabhalach.
- Ag obair le compàirtichean a' Bhùird Ro-innleachdail a dhèanamh cinnteach gum bi làn cothrom aig Gàidhlig cur ri cinneas sòisio-eaconamach ion-ghabhalach. Mar eisimpleir, cothroman air co-chòrdadh a dhèanamh eadar ro-innleachdan airson trusadh luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, coltach ri Scotland is Now, agus ro-innleachdan margachaidh eadar-nàiseanta.



Leis na frèamaichean cunntalachd againn, brosnach is misnich colaistean is oilthighean cothroman a thoirt don luchd-obrach aca pàirt a ghabhail ann an cùrsaichean mothalachd is ionnsachadh na Gàidhlig, agus aithriseadh air an adhartas a chaidh a dhèanamh.

Buil:

- Barrachd mothalachd am measg luchd-obrach nan colaistean is oilthighean do dh'amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

An-dràsta:

- Bu chòir do Aontaidhean Buileachaidh nan Institiuidean iomradh air Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23, agus gnìomhan a ghabhail a-steach mar thaic do spèis cho-ionann do Ghàidhlig airson a faicsinneachd is cleachdadh le fileantaich a bhrosnachadh am measg an luchd-obrach, oileanaich is càch ris an dèan iad conaltradh, agus a bhith cumail suas is a' leasachadh an cuid ullachaidh, far a bheil sin freagarrach, do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Mar thoradh air an Ath-sgrùdadh aice, tha SFC ag obair gus Frèam Bhuidhean Nàiseanta is frèam bhuilean is bhuidhean a dhealbhadh, a bheir stiùir do na dleastanasan institiuideach againn agus dearbhadh air an dòigh sa bheil institiuidean a' cumail taic ri amasan nàiseanta.

Nì SFC:

- Cinnteach gum tèid dèiligeadh ri amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig le gach institiud turas sa bhliadhna tro Fhrèam Bhuidhean Nàiseanta agus na h-eileamaidean aige a tha nan cuideachadh dha seo.
- Obair le Oilthighean Alba is Colaistean Alba a bhrosnachadh trèanadh do bhuill is luchd-stiùiridh Bùird nan colaistean is oilthighean ann am mothalachd na Gàidhlig.
- Obair gus fios air deagh-chleachdadh a roinn am measg institiuidean.
- Òstadh air coinneamh nàiseanta mu fhoghlam oilthighe airson a bhith a' beachdachadh air cùisean poileasaidh na Gàidhlig, mar thaic do lìbhrigeadh.
- Cinnteach gum bithear a' sgrùdadh 's a' dèiligeadh gu follaiseach ri dàta mu iarrtas ionadail is nàiseanta, agus mu Ghàidhlig sa choimhearsnachd, còmhla ri oilthighean is colaistean. Bu chòir do seo planaichean cànan nan Ùghdarrasan Ionadail a thoirt fa-near.

DEALBH: UNIVERSITY OF EDINBURGH



Leis na modhan againn mar thaic do mhathas is buaidh, dèan cinnteach gum cùm colaistean is oilthighean ris a' phrionnsapal a thaobh spèis cho-ionann do Ghàidhlig air feadh togalaichean is àrainnean, oileanaich agus cultar an institiuid.

Buil:

- Tha am pròiseas cunntalachd a' dèanamh cinnteach gum beachdaich a h-uile colaiste is oilthigh air amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus gun dèilig iad gu h-ìomchaidh leotha.

An-dràsta:

- Bu chòir do Aontaidhean Buileachaidh nan Institiuidean iomradh air Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23, agus gnìomhan a ghabhail a-steach mar thaic do spèis cho-ionann do Ghàidhlig airson a faicsinneachd is cleachdadh le fileantaich a bhrosnachadh am measg an luchd-obrach, oileanaich is càch ris an dèan iad conaltradh, agus an cuid ullachaidh do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a chumail suas 's a leasachadh, far a bheil sin freagarrach.

Bidh SFC:

- A' toirt mion-fhiosrachadh do dh'institiuidean mun àite aig a' phrionnsapal "spèis cho-ionann" ann am poileasaidh na Gàidhlig.

- Mar phàirt den obair againn ann an co-cheangal ri Frèam nam Buidhean Nàiseanta:

- Brosnachadh don a h-uile colaiste is oilthigh a bhith a' gealladh gum fill iad mothalachd na Gàidhlig an lùib pròiseasan inntrigidh.
- Brosnachadh don a h-uile colaiste is oilthigh a bhith a' gealladh gum bi ionannachd corporra dà-chànanach le spèis cho-ionann do Ghàidhlig is Beurla ann airson cleachdadh cumanta an ath-thuras a nì iad ath-bhrannadh.
- Brosnachadh don h-uile colaiste is oilthigh a bhith dealbhadh seirbheisean is goireasan a thaisbeanas spèis cho-ionann do Ghàidhlig is Beurla agus a tha a' cur air adhart tairgse ghnìomhach bhuan do gach seirbheis is goireas Gàidhlig.
- Brosnachadh don a h-uile colaiste is oilthigh dèanamh soilleir ann am pàirt fhollaiseach den làrach-lìn aca dè na seirbheisean Gàidhlig a tha rim faighinn air iarrtas agus aithris fhoillseachadh gu bheilear a' cur fàilte air iarrtasan conaltradh sa Ghàidhlig.

Tha sinn a' toirt fa-near san earrainn a leanas gu bheil rùn poileasaidh fhathast againn airson leasachadh corpora na Gàidhlig, agus air Amasan nan Seirbheisean Corporra.



Taic do leasachadh Corpora na Gàidhlig

Buil:

- Dèan cinnteach gu bheil goireas ri fhaighinn airson corpora Gàidhlig a chlàradh agus taic a chumail ri coimhearsnachd cànan is comas rannsachaidh aig àrd-ìre.

An-dràsta:

- Tha SFC a' maoineachadh a' phròiseict eadar-oilthighe Faclair na Gàidhlig (gu neo-dhìreach tro Fhaclair na Gàidhlig, Tasglann Digiteach

na Gàidhlig/Corpora na Gàidhlig) thairis air còig bliadhna gu ruige a' bhliadhna sgoilearach 2022-23.

- Tha SFC a' maoineachadh Lìonra Rannsachadh is Ùr-ghnàthachas na Gàidhlig – Soillse. Mar phàirt den obair aca, tha iad a' deasachadh stiùireadh gràmach air-loidhne.

Bidh SFC:

- a' cumail sùil 's a' comhairleachadh pròiseact Faclair na Gàidhlig ri ùine taic SFC.
- ag obair le Soillse, ri ùine taic SFC, gus modail-gnothachais seasmach a thoirt gu ìre.
- ag obair le institiuidean is buidhnean poblach eile gus cothroman bogaidh do dh'oileanaich Ghàidhlig a leudachadh 's àbhaisteachadh.

AMASAN AIRSON SEIRBHEISEAN CORPORRA

A bharrachd air na h-àrd-amasan, dh'fhoillsich Bòrd na Gàidhlig Amasan airson Seirbheisean Corporra mar phàirt den fhios-naidheachd fhoirmeil.

Tha an earrainn a leanas a' suidheachadh nan gnìomhan a mholadh SFC a thaobh ar dleastanasan san àite-obrach is luchd-dèiligidh a' bhuidhinn. Tha i ag iomradh air gach fear de na còig prìomh raointean ris am bu chòir do dh'ùghdarrasan poblach dèiligeadh sna Planaichean Gàidhlig aca, airson na seirbheisean comharraichte leis a' Bhòrd a libhrigeadh:

1. Inbhe.
2. Conaltradh leis a' phoball.
3. Fiosrachadh.
4. Luchd-obrach.
5. Corpas.



INBHE

Tha Comhairle Maoineachaidh na h-Alba ag aithneachadh an luaich ann a bhith a' leudachadh faicsinneachd na Gàidhlig 's a' meudachadh a h-inbhe.

Buil:

- Tha ar n-ionannachd corporra a' cur taic ri faicsinneachd na Gàidhlig.

An-dràsta:

- Tha suaicheantas dà-chànanach SFC air a chleachdadh sna foillseachain, teamplaidean is pàipearachd againn. Tha dà dhreach den t-suaicheantas rim faighinn sa bheil suidheachadh an teacsa Ghàidhlig is Beurla air atharrachadh ma seach.
- Tha soidhnichean dà-chànanach ann air feadh oifisean SFC, agus san t-seòmar cruinneachaidh cho-roinnte againn.
- Tha earr-sgrìobhaidhean puist-d an luchd-obrach, agus cairtean-gnothaich, dà-chànanach.

Bidh SFC:

- a' cumail suas nan ìrean de dh'fhaicsinneachd Ghàidhlig a th' ann an-dràsta.
- ag ath-sgrùdadh chothroman air faicsinneachd Ghàidhlig a mheudachadh mar a nochdas iad agus ag aithris air seo sna freagairtean bliadhnail againn do Bhòrd na Gàidhlig.



CONALTRADH LEIS A' PHOBALL

Tha Comhairle Maoineachaidh na h-Alba ag aithneachadh an luach ann a bhith a' cruthachadh chothroman airson cleachdadh practaigeach na Gàidhlig ann an caochladh shuidheachaidhean làitheil agus tha i a' gealladh gum meudaich i an t-ullachadh aice san raon seo.

Buil:

- Thathar a' brosnachadh 's a' cumail taic ri cleachdadh na Gàidhlig ann an obair làitheil SFC. Tha luchd-obrach misneachail agus deimhinneach nan dòigh freagairt a thaobh na Gàidhlig.

An-dràsta:

- Gheibhear an aon teacsa coitcheann anns gach post-dealain bho SFC, agus teachdaireachd a tha a' cur fàilte air co-sgrìobhadh anns a' Ghàidhlig. Tha làrach-lìn SFC a' cur faillte air co-sgrìobhadh sa Ghàidhlig cuideachd.
- Tha eòlas aig luchd-fàilteachaidh air Gàidhlig san t-suidheachadh aca fhèin agus thathar gam brosnachadh freagairt sa Ghàidhlig, is beannachdan Gàidhlig a chleachdadh mar a tha iomchaidh. Chan eil fileantaich Ghàidhlig sam bith againn an-dràsta.
- Bho àm gu àm sa bhliadhna, bithear a' cur mion-fhiosrachadh gu luchd-obrach mu chleachdadh na Gàidhlig nuair a bhithear a' dèiligeadh ris a' phoball, agus cuimhneachain mu choinneamh saor-làithean poblach.

Bidh SFC:

- ag ath-ùrachadh modhan-taice airson còmhraidhean fòna eadar-theangachadh.
- a' toirt brathan-ullachaidh co-dhiù turas sa bhliadhna do luchd-obrach mu chleachdadh na Gàidhlig nuair a bhios sinn a' dèiligeadh ris a' phoball.



FIOSRACHADH

Tha Comhairle Maoineachaidh na h-Alba a' gealladh gum meudaich i cleachdadh na Gàidhlig sna raointean sin anns as motha bheil de chompàirt aig a' mhòr-shluagh no far a bheil dàimh shònraichte aca ri cùisean Gàidhlig.

Buil:

- Tha sinn a' cumail suas no a' leasachadh cleachdadh na Gàidhlig tro chonaltradh taobh a-muigh a' bhuidhinn, gu h-àraidh nuair a bhithear a' dèiligeadh ris a' phoball

An-dràsta:

- Thathar a' toirt cothrom air prìomh fhoillseachain corporra san dà chuid ann an Gàidhlig is Beurla.
- Nuair a bhios susbaint anns a bheil compàirt shònraichte aig coimhearsnachdan no sgìrean Gàidhealach, bithear a' deasachadh fiosan-naidheachd ann an Gàidhlig agus Beurla, agus tha BBC Alba air na liostaichean sgaoilidh againn.
- Tha fiosrachadh air agus ann an Gàidhlig (ar plana Gàidhlig na mheasg) ri fhaighinn air an làrach-lìn againn ann an Gàidhlig agus Beurla.
- Tha stuthan Gàidhlig SFC air an solar le eadar-theangairean (seall air an earrainn Corpas gu h-ìosal).

Bidh SFC:

- ag ath-sgrùdadh 's a' comharrachadh chothroman mar as àbhaist a mheudachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an dàimhean nam meadhanan 's a' phobaill agus ann an stuthan clò-bhuailte, a' feuchainn ri ar làthaireachd Ghàidhlig a leudachadh.
- Air an làrach-lìn againn, ath-ùraich agus meudaich an cleachdadh Gàidhlig againn agus stuthan co-cheangailte ris a' Ghàidhlig.
- Meudaich ar cleachdadh Gàidhlig soirbheachail sna meadhanan sòisealta.



LUCHD-OBACH

Tha Comhairle Maoineachaidh na h-Alba ag aithneachadh an luach ann a bhith a' measadh Gàidhlig mar sgil obrach cudromach agus a' comharrachadh suidheachaidhean sa bheil e deatamach no miannaichte a cleachdadh. Tha Comhairle Maoineachaidh na h-Alba ag aithneachadh an luach ann a bhith a' toirt comas do luchd-obrach air na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh ma thogras iad sin a dhèanamh.

Buil:

- Meudaichear an ìre de sgilean is eòlas Gàidhlig am measg luchd-obrach SFC

An-dràsta:

- Gach bliadhna, bidh SFC ag ath-sgrùdadh sgilean Gàidhlig am measg luchd-obrach gus fios a thoirt do chur-an-gnìomh a' phlana Gàidhlig againn, agus feuman trèanadh.
- Tha fiosrachadh air Plana Gàidhlig SFC ga thoirt do luchd-obrach aig àm inntrigidh.
- Tha SFC a' tabhann taic do luchd-obrach airson Ionnsachadh Fad-bheatha. Tha iomradh air sgilean Gàidhlig mar aon nì a dh'fhaodadh dèanamh, agus bithear gu tric a' cleachdadh nan stòrasan airson seo.
- Tha SFC cuideachd a' cumail taic ri trèanadh Gàidhlig co-cheangailte ri obair far a bheil sin freagarrach a thaobh dleasan an luchd-obrach, leithid luchd-fàilteachaidh agus feadhainn a tha a' dèiligeadh ri UHI agus na colaistean compàirteachaidh aige.
- Bithear a' tabhann trèanadh mothalachd na Gàidhlig bho àm gu àm, mar as trice do luchd-obrach ùra, ach tha e ri fhaighinn do bhuill a' Bhùird 's nan Comataidhean cuideachd. Chaidh trèanadh a thabhann mu dheireadh ann an 2018 le 25 an làthair. Chaidh na planaichean airson tuilleadh chùrsaichean bho 2020 a-mach a mhilladh le galar-sgaoilte COVID.

- Bithear ag ath-sgrùdadh nan sgilean deatamach is feumail airson gach dreuchd bàn, ùr no atharraichte, aig an àm a thig iad am bàrr. Tha rùn againn beachdachadh orra, is dreuchdan a chomharrachadh far an cuidich comas Gàidhlig sinn amasan a' phlana seo a thoirt gu buil, mar sin, bidh sinn a' fastadh luchd-obrach da rèir seo.
- Thathar ag iarraidh air gach tagraiche fios a leigeil dhuinn mu na sgilean cànan aca, agus thathar a' toirt iomradh sònraichte air Gàidhlig mar eisimpleir.
- Chan eil dreuchdan sa bheil 'Gàidhlig deatamach' aig SFC an-dràsta. Tha rùintean làithreach againn sanasachadh is dearbhadh sgilean a ghabhail os làimh ma thig dreuchdan am bàrr sa bheil Gàidhlig deatamach no feumail.

Bidh SFC:

- A' cumail suas nan rùintean làithreach a thaobh fastaidh, agus a thaobh trèanadh is leasachadh luchd-obrach.
- **a' sònrachadh Gàidhlig mar sgil feumail don a h-uile dreuchd**
- **Rè a' phlana seo, ag ath-sgrùdadh dreuchdan an luchd-obrach gus measadh an tèid againn air dreuchd sa bheil Gàidhlig deatamach a thabhann**
- a' comharrachadh 's a' cur chothroman an gnìomh mar as àbhaist gus an t-eòlas aig luchd-obrach air Gàidhlig a bhrosnachadh, agus cothroman air Gàidhlig a chleachdadh san àite-obrach.



DEALBH: FORTH VALLEY COLLEGE



CORPAS NA GÀIDHLIG

Chaidh an rùn poileasaidh leantainneach againn a thaobh leasachadh corpas na Gàidhlig a chur an cèill na bu tràithe sa phlana seo.

Tha Comhairle Maoineachaidh na h-Alba ag aithneachadh an luach ann a bhith a' leasachadh Gàidhlig gus am freagraich i gach adhbhar iomchaidh agus airson a cur gu feum san raon shuidheachaidhean aice a tha a' sìor fhàs.

Buil:

- Tha sinn a' cumail ri inbhean nàiseanta cleachdadh na Gàidhlig, nam measg, Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig (GOC) is Ainmean Àite na h-Alba (AAA).

An-dràsta:

- Tha SFC a' cur riatanas air cleachdadh inbhean GOC is AAA sna seirbheisean a tha eadar-theangairean a' libhrigeadh dhuinn.

Bidh SFC:

- a' cur riatanas fhathast air cleachdadh Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig is air stiùireadh Ainmean Àite na h-Alba a thaobh ainmeachadh àitean.



CEANGLAICHEAN RIS AN FHRÈAM AIRSON DÈANADAIS NÀISEANTA

Tha na builean aig Frèam an Dèanadais Nàiseanta ag iarraidh gum bi muinntir na h-Alba:

- A' fàs suas ann an gaol, spèis is sàbhailteachd gus an tig an comasan gu làn bhuil.
- Beò ann an coimhearsnachdan ion-ghabhalach, comasach, seasmach is sàbhailte.
- Cruthachail agus gun tèid an cultaran beothail, eugsamhail a chur an cèill 's a mhealtainn gu fad is farsaing.
- A' mealtainn eaconamaidh a tha farpaiseach, iomairteach, ion-ghabhalach is buan ann an seagh coitcheann.
- Foghlaimte, fiosrach agus comasach air cur ri comann-sòisealta na dùthcha.
- A' cur luach innte, a' mealtainn, a' dìon is a' feabhasachadh na h-àrainneachd aca.
- A' ruith ghnothachasan soirbheil, innleachdach, le dreuchdan math is obair chothromach don a h-uile duine.
- Fallain agus sùrdail.
- A' toirt spèis dhaibh, a' dìon is a' coileanadh chòraichean daonna, agus a' tighinn beò saor bho leth-bhreith.
- Fosgailte, ceangailte agus a' cur gu deimhinneach ris an t-saoghal eadar-nàiseanta.
- A' dèiligeadh ri bochdainn le bhith a' riarachadh chothroman, beartas is cumhachd air càch le barrachd suim do cho-ionannachd.

Is sinne buidheann nàiseanta air a bheil dleastanas reachdail airson “sàr-fhoghlam adhartach is àrd-ìre, cunbhalach le colaistean is oilthighean ann an Alba, agus obair rannsachaidh, urrasachadh”. Am measg seo, feumar dèanamh cinnteach gur urrainn do dh’Alba na sgilean is eòlas a thoirt seachad airson an eaconamaidh is sòisealtas againn a leasachadh. Uime sin, tha dàimh àraidh aig an lèirsinn is amasan sna builean NPF a leanas ri SFC agus chithear seo san dòigh a tha sinn a’ gabhail an-sàs sa Phlana Ghàidhlig againn.

CLANN AGUS DAOINE ÒGA

Tha na sgoiltean againn nan àitean gràdhach, spèiseil, brosnachail far an urrainn don a h-uile duine a bhith ag ionnsachadh, a’ cluich agus a’ soirbheachadh. Tha sinn a’ tabhann dòchas do chlann is daoine òga airson an ama ri teachd agus a’ cruthachadh chothroman dhaibh am bruidhneachd a thoirt gu bith.

COIMHEARSNACHDAN

...airson a bhith fallain, sona mar nàisean feumaidh sinn na stòrasan is àrainneachdan ionadail agus a h-uile duine a tha a’ fuireach annta a bheathachadh ’s a dhìon. Tha seirbheisean is goireasan poblach againn a tha math, saor agus ruigsinneach agus tha iad seo a’ cur feabhas mòr air ar beatha. ... Tha sinn beò ann an coimhearsnachdan càirdeil, beothail, co-chòrdail agus tha iad seo a’ cur luach ann an iomadachd agus taic do chàch a tha ann an èis.

CULTAR

Tha sinn ag altram agus a’ dìon ar n-eachdraidh ’s nan cultaran traidiseanta, dùthchail againn, agus a’ dlùth-ghabhail ri feadhainn a bhuineas do thìrean cèin.

EACONAMAIDH

Tha an eaconamaidh againn ion-ghabhalach agus miannaichte air beatha an t-sluaigh air fad againn a leasachadh. Tha sinn a’ dèanamh cinnteach gu bheil buannachdan bho chinneas eaconamach, beartas is cothroman air an riarachadh gu dòigheil.

FOGHLAM

Tha siostam foghlaim againn anns am faod sinn uile pàirt a ghabhail agus a tha gar misneachadh gus ar làn-chomais a ruigsinn ge b’ e dè a dh’fhaodadh sin a bhith. ...Tha sinn a’ cur luach nar tidsearan, luchd-foghlaim is àrd-sgoilearan oilthighe agus a’ dèanamh uiread ’s as urrainn dhuinn gus na h-inbhean as àirde a thoirt a-mach thairis air ar n-ionnsachadh is rannsachadh. Tha sinn ag obair còmhla ri compàirtichean ann an gnothachas, gnìomhachas, saidheans is sgoilearachd airson a bhith a’ stiùireadh an t-saoghail ann an dòighean-smaoineachaidh ùra, agus a’ glacadh nan tàlantan is comasan a leigeas leinn soirbheachadh san àm ri teachd.



OBAIR IS GNOTHACHAS COTHROMACH

Tha sinn dha-rìribh mu shunnd is sgilean an fheachd-obrach againn agus a’ tabhann obair mhath is cothromach, trèanadh is taic cosnadh don a h-uile duine.



CÒRAICHEAN DAONNA

Tha sinn ag aithneachadh gu bheil gach duine co-ionann aig bun na cùise agus ag oidhirpeachadh gus seo a shamhlachadh nar gnothaichean làitheil mar nàisean.



AN SAOGHAL AGUS AN SLUAGH EADAR-NÀISEANTA

Tha ar teaghlach, coimhearsnachdan is daoine cudromach dhuinn agus tha sinn a’ gealladh a bhith cothromach agus ceart san t-seagh shòisealta.

Chaidh builean NPF a cho-rèiteachadh ri Amasan Leasachaidh Sheasmhaich nan Dùthchannan Aonaichte. Tha buntanas sònraichte aig na targaidean SDG a leanas:



RO 2030

...dèan cinnteach gu bheil cothrom co-ionann air gach ìre foghlaim is trèanadh ceàirdeach aig daoine so-leònte, nam measg ... sluaghan dùthchasach ...



RO 2030

dèan cinnteach gum faigh gach neach-ionnsachaidh an t-eòlas is sgilean a dh’fheumar airson leasachadh seasmhach a chur air adhart, agus am measg rudan eile, tro fhoghlam airson ... còraichean daonna, ... meas air iomadachd cultair is gun cuir cultar ri leasachadh seasmhach



RO 2030

thoir comas dhaibh, is brosnachadh airson ’s gun tèid a h-uile duine a ghabhail a-steach aig ìrean sòisealta, eaconamach is poilitigeach, ge b’ e dè an inbhe aca a thaobh aois, gnè, ciorram, gineal, cinneadh, bun-tùs, creideamh no staid eaconamach

FOILLSEACHADH

FOILLSEACHADH AGUS FOLLAISEADH A' PHLANA

TAOBH A-STAIGH A' BHUIDHINN

Bha co-obraichean an-sàs ann an co-chomhairleachadh mun dreachd-phlana. Cuiridh sinn fios thuca mu fhoillseachadh a' phlana dheireannaich agus mun bhuntanas a th' aige don obair acasan tro phròiseasan buidhneil, leithid puist-dhealain, agus ceanglaichean mu na h-earrainnean buntainneach air an eadra-lìon againn.

TAOBH A-MUIGH A' BHUIDHINN

Thèid plana Gàidhlig SFC fhoillseachadh a dh'aon àm ann an Gàidhlig is Beurla air an làrach-lìn againn. A bharrachd air sin:

- Cuiridh sinn fios-naidheachd dà-chànanach a-mach mun phlana.
- Sanasaichidh sinn am plana tro chaochladh ùrlaran air na meadhanan sòisealta.
- Tarraingidh sinn am plana gu aire na leanas:
 - Buidhnean leth-eisimeileach is buidhnean treas-phàrtaidh eile, a' mìneachadh an dleastanais orrasan ann an lìbhrigeadh a' phlana.
 - Prìomh chom-pàirtichean sna roinnean poblach, prìobhaideach is treasach.
 - Buidhnean Gàidhlig buntainneach agus buidhnean compàirt eile.
- Cuiridh sinn lethbhreacan cruaidh ri fhaighinn air iarrtas.

A' CUR STÒRAIS RIS A' PHLANA

Tha sinn a' gealladh stòrais iomchaidh a rèir chosgaisean stiùiridh a chumail ri trèanadh luchd-obrach, eadar-theangachadh is obair eile co-cheangailte ri Gàidhlig.

Beachdaichidh sinn air iarrtasan stòrais airson obair co-cheangailte ri Gàidhlig sna gnìomhan reachdail againn mar phàirt de ar modhan-obrach àbhaisteach, a' toirt fainear nan amasan aig Riaghaltas na h-Alba is Frèam an Dèanadais Nàiseanta, amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus na rùintean anns a' phlana seo.

A' SGRÙDADH A' PHLANA

Deasaichidh SFC aithisg bliadhnail air adhartas a thèid a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig agus a chur ri fhaighinn don phoball.

PLANA NA GÀIDHLIG ANN AN SFC

UALLACH IOMLAN AIRSON A' PHLANA

'S ann air an Àrd-oifigear a tha an t-uallach iomlan airson Plana Gàidhlig SFC a dheasachadh, lìbhrigeadh 's sgrùdadh. 'S urrainnear fios a chur chun an Àrd-oifigeir gu h-ìosal:

KAREN WATT

Àrd-oifigear, SFC

0131 313 6646
kwatt@sfc.ac.uk

UALLACH LÀITHEIL AIRSON A' PHLANA

Tha uallach làitheil air an Leas-stiùiriche ann an Rannsachadh is Ùr-ghnàthachas airson Plana Gàidhlig SFC a lìbhrigeadh 's a sgrùdadh. Bu chòir ceistean a thaobh sin a chur gu:

MORAG CAMPBELL

Leas-stiùiriche,
Rannsachadh is Ùr-ghnàthachas, SFC

0131 313 6530
mcampbell@sfc.ac.uk



DEALBH: EDINBURGH NAPIER UNIVERSITY

BUIDHEANN AIRSON PLANA NA GÀIDHLIG A CHUR AN GNÌOMH 'S A SGRÙDADH

Tha buidheann airson cuir-an-gnìomh is sgrùdadh taobh a-staigh Comhairle Maoineachaidh na h-Alba, agus riochdairean sa bhuidheann seo bho na buidhnean-stiùiridh poileasaidh againn air fad. Tha e ag obair còmhla ri co-obraichean gnìomhachail. Bhon a tha e a' cumail suas mothalachd do Ghàidhlig am measg luchd-obrach, rinn am buidheann seo nas fhasa e an treas eagraan den Phlana Ghàidhlig againn a dheasachadh.

Nuair a chuireas sinn am plana seo an gnìomh, nì sinn cinnteach mar as àbhaist gu bheil riochdairean ann bho air feadh a' bhuidhinn agus gu bheil conaltradh ri luchd-obrach agus sgrùdadh breithneachail air a' phlana mar phàirt de na dleastanasan aca.

A' CONALTRADH RI LUCHD-OBACH

Seall gu h-àrd.

BUIDHNEAN LETH-EISIMEILEACH AGUS TREAS PHÀRTAIDHEAN

Tha teirmean is cumhachan a' chùmhnaidh aig SFC a' cur riathanas oirre gun dèanar "oidhirpean reusanta mar thaic don Ghàidhlig ann an co-rèir ri dleastanasan SFC fo Achd (Alba) na Gàidhlig 2005 agus Plana Gàidhlig SFC. Ma thèid iarraidh air ... bheir an Cùnnradair seachad stuthan ann an Gàidhlig chun na h-aon inbhean a tha rim faighinn ann an obair SFC."

EÀRR-RÀDH A: Sgrùdadh air comas Gàidhlig taobh a-staigh a’ bhuidhinn

Bidh SFC a’ measadh sgilean Gàidhlig an luchd-obrach le suirbhidhean gach bliadhna. Rinn sinn an sgrùdadh as ùire sa Mhàrt 2020, agus fhuair sinn freagairtean aig ìre 86.8%.

A’ cleachdadh Frèam Coitcheann Fiosrachaidh do Chànain na h-Eòrpa (CEFR), tha deannan (nas lugha na 5%) luchd-freagairt a’ tagairt comas Gàidhlig aig ìrean A2. Tha a’ mhòr-chuid de luchd-freagairt, ge-tà, ag ràdh nach eil ach beagan no nach eil comas Gàidhlig idir aca (ged a tha 10.1% dhiubh seo “ag aithneachadh, a’ tuigsinn agus, ma bheirear brosnachadh dhaibh, a’ cleachdadh corra abairt làitheil is ràdh sìmplidh”). Chan eil fileantaich Ghàidhlig idir againn.

Roghainnean:

1. Gun fhios idir cò ris a tha Gàidhlig coltach no ciamar a tha i a’ cluinntinn.
2. Comas air Gàidhlig aithneachadh.
3. Comas air corra abairt làitheil is ràdh fìor sìmplidh aithneachadh ‘s a thuigsinn.
4. Comas air corra abairt làitheil is ràdh fìor sìmplidh aithneachadh, a thuigsinn, is ma bheirear brosnachadh dhaibh, a chleachdadh. (A1-)
5. Comas air seantansan is abairtean cumanta co-cheangailte ris na cuspairean as dlùithe a bhuineas dhaibh (m.e. fiosrachadh pearsanta glè sìmplidh) a thuigsinn. Comasach bruidhinn air gnothaichean sìmplidh, àbhaisteach. (A2)
6. Comas air na prìomh-phuingean ann an Gàidhlig stannardach, shoilleir a thaobh gnothaichean air a bheil iad eòlach a thuigsinn. Comas dèiligeadh ris na seaghan as bitheanta as dòcha a thogas ceann nuair a bhithear a’ bruidhinn sa chànan. (B1)
7. Comas air beachdan a chur an cèill gu sìubhlach is do dheòin. Comas air còmhradh Gàidhlig a chumail ri fileantaich gun duine seach duine air a shàrachadh. (B2 C1)
8. Comas tuigse air cha mhòr a h-uile rud a chluinnear no a leughar gun dragh sam bith. Comas air beachdan a mhìneachadh gu pongail, a’ cur dealachadh eadar tuar is brìgh. (C2)

Aig àm na suirbhidh gu h-àrd, bha aon neach-obrach ag ionnsachadh air a’ Chùrsa Inntigidh agus dithis eile a’ dol gu clasaichean-oidhche Gàidhlig air sgàth taic-airgid do dh’ionnsachadh fad-bheatha. Tha fios againn gun robh luchd-obrach eile ag ionnsachadh Gàidhlig le Duolingo.

Tha dà dhreuchd sa bheil ‘Gàidhlig feumail’ air an comharrachadh. Chan eil dreuchd sam bith ann sa bheil ‘Gàidhlig deatamach’.

EÀRR-RÀDH B: Co-chomhairleachadh poblach: mion-aithris

Tha riatanas reachdail aig Achd (Alba) na Gàidhlig 2005 gum feum ùghdarrasan poblach co-chomhairle a chumail ri daoine air a bheil coltas compàirt a bhith aca sa Ghàidhlig.

Chaidh co-chomhairleachadh fhosgladh airson freagairtean bhon phoball, compàirtichean is co-obraichean eadar 3 Samhain agus 15 Dùbhlachd 2020. A bharrachd air foillseachadh coitcheann, agus fios do bhuidhnean is daoine aig an robh compàirt aithnichte sna raointean fo ar n-uallach, Gàidhlig nam measg, rinneadh oidhirpean sònraichte greim fhaighinn air feadhainn aig an robh compàirt ann an co-ionannachdan is ann an dreamannan dhaoine le feartan comharraichte fo dhìon.

Fhuair sinn 17 freagairtean, a’ mhòr-chuid bho cholaistean is oilthighean na h-Alba.

Thugadh fios do luchd-freagairt gun robh dùil againn taghadh de bheachdan gun urra fhoillseachadh agus chaidh iarraidh orra a ràdh am bu chòir no nach bu chòir dhuinn na freagairtean aca a chleachdadh.

ÀS-EARRAINNEAN BHO FHREAGAIRTEAN DON CHO-CHOMHAIRLEACHADH

An aontaicheadh tu gu bheil na rùintean air a bheil SFC moltach nar Plana Gàidhlig (t-d 12-14) a’ cumail taic ri àrd-amas 2? Le ballrachd den Bhòrd Ro-innleachdail airson Iomairt is Sgilean, tog gu h-àrd a bratach mu na buannachdan a bheir Gàidhlig do dh’eaconamaidh na h-Alba.

Tha e riatanach gu bheil dòigh-obrach làn-shiostaim againn, agus gu bheil taic nas so-leantainne ann do dh’institiuitean a tha ag obair còmhla. Tha taic leantainneach do Shoillse glè chudromach cuideachd airson dèanamh cinnteach gu bheil leasachadh na Gàidhlig stèidhichte air bunait rannsachaidh fhreagarrach. Tha e cuideachd glè fheumail gu bheil a’ leigeil cuideam air sìneadh a-nuas a’ chànain sa choimhearsnachd, rud a tha a’ ciallachadh san fharsaingeachd gu bheil ionnsachadh is teagasg, rannsachadh is leasachadh coimhearsnachd fillte an lùib an ro-innleachd.

...dh’earalaichimid gun a bhith ri leasachadh targaidean is riatanasan aithrisidh mur tèid an goireas ùr a thoirt tro SFC mar thaic do lìbhrigeadh air an aon dòigh cheudna. Feumar leantainn oirnn prìomhachasan a dhealbhadh ann an co-bhann ri oilthighean is colaistean, agus feumar suidheachaidhean nan institiuitean fa leth a thoirt fa-near a-rèir nan ullachaidhean maoineachaidh a th’ ann an-dràsta, oir bhiodh cunnart nas motha ann gun rachadh na bun-phrìomhachasan eile aig an Riaghaltas a leigeil an dàrna taobh (m.e. a’ leudachadh compàirteachas).

Mol do SFC gu bheil am Plana Gàidhlig aca ag aithneachadh gu bheil an ceàrn roinneil aig Oilthigh na Gàidhealtachd 's nan Eilean na àite àraidh a thaobh cumail suas is ath-bheothachadh coimhearsnachd na Gàidhlig ... mholamaid do SFC sealladh roinneil a bhith aca a thaobh taic do leasachadh na Gàidhlig ann an raointean ro-innleachdail is obrach, 's gun aithnich iad gu h-àraidh a' phàirt aig lìonra UHI ann a bhith a' conaltradh ri coimhearsnachdan Gàidhlig air feadh na Gàidhealtachd 's nan Eilean.

An aontaicheadh tu gu bheil na rùintean air a bheil SFC moltach nar Plana Gàidhlig (t-d 14-15) a' cumail taic ri àrd-amas 3? *Leis na frèamaichean cunntalachd againn, brosnach is misnich colaistean is oilthighean cothroman a thoirt do an luchd-obrach pàirt a ghabhail ann an cùrsaichean mothalachd is ionnsachadh na Gàidhlig, agus aithris a dhèanamh air an adhartas gu ruige seo.*

... ged a tha dealas oirnn airson barrachd cothroman air Gàidhlig ionnsachadh a thabhann do luchd-obrach is oileanaich, tha sinn a' gabhail dragh mu na cosgaisean a dh'fhaodadh bhith ann don oilthigh le cuid de na rùintean is geallaidhean seo. Tha sinn a' toirt fainear cuideachd gu bheil dàta cunntas 2011 a' sealltainn gu bheil a' phàirt de dhaoine nar sgìre comhairle aig a bheil a' Bheurla Ghallda nas àirde na an cuibheas, agus gu bheil a' phàirt de dhaoine aig a bheil Gàidhlig nas ìsle. San t-seagh seo, shaoileamaid gum biodh e na b' iomchaidhe an dà mhion-chànan roinneil seo adhartachadh còmhla, seach prìomhachas a chur air Gàidhlig a-mhàin.

Tha sinn a' toirt taic don earrainn seo, gu h-àraidh a thaobh dèanamh cinnteach gu bheil deagh ìre de chunntalachd ann do cholaistean is oilthighean timcheall nan rùintean aca don Ghàidhlig.

Feumaidh sinn an t-eòlas is na sgilean sònraichte a thoirt a-steach bhon taobh a-muigh airson cothroman air mothalachd is ionnsachadh na Gàidhlig a thabhann do luchd-obrach, oir chan eil mòran sa bhuidheann aig a bheil iad. Gus caomhnadh air stòrais agus dòigh-obrach nas cunbhalaiche a ghabhail, bu chòir do SFC prìomh-ghoireas ionnsachaidh a dheasachadh 's a mhaoinachadh agus a cho-roinn leis a h-uile oilthigh is colaiste.

Bidh na suidheachaidhean is riatanasan aig gach institiuid gu math eadar-dhealaichte agus feumaidh SFC aithneachadh gu bheil feum air sùbailteachd anns an dòigh a dh'fheumas institiuidean tighinn suas riutha.

Tha sinn toilichte gun deach coinneamh nàiseanta a chur air dòigh a-rithist gus beachdachadh air cùisean poileasaidh mar thaic do lìbhrigeadh ann an foghlam treasach sa bhliadhna sgoilearach 2021-22. Mholamaid fo-chomataidh airson comhairleachadh air maoineachadh na Gàidhlig ath-stèidheachadh.

An aontaicheadh tu gu bheil na rùintean air a bheil SFC moltach nar Plana Gàidhlig (t-d 15) a' cumail taic ri àrd-amas 4? *Leis na modhan againn mar thaic do chàileachd is buaidh, dèan cinnteach gun cùm colaistean is oilthighean ris a' phrionnsapal a thaobh spèis cho-ionann do Ghàidhlig air feadh togalaichean is àrainnean, oileanaich agus cultar an institiuid*

... chuireamaid ìmpidh oirbh atharrachadh beag a dhèanamh gus ceàrnan de dh'Alba far nach eil Gàidhlig a rèir a' chultair, gu h-àraidh Arcaibh is Sealtainn, a thoirt fainear. Tha an teacsa an-dràsta a' moladh gum bu chòir dhuibh a h-uile colaiste is oilthigh a bhrosnachadh gus Gàidhlig a chleachdadh gun mhura-bhith.

Bhiodh iarrtasan airson seirbheisean ann an Gàidhlig nan duilgheadas do dh'obair nan institiuidean oir dh'fheumadh iad eadar-theangachadh bhon taobh a-muigh agus dh'fhaodadh e bhith doirbh na seirbheisean seo fhaighinn ann an aithghearrachd. Chan eil rian nach fheumamaid maoineachadh fa leth airson eadar-theangairean agus deasachadh stuth-fiosrachaidh gus a h-uile buil fon amas seo a thoirt gu bith.

An aontaicheadh tu gu bheil na rùintean air a bheil SFC moltach a thaobh gnìomhachdan san àite-obrach againn is mu choinneamh chustamairean (para 35, earrainnean 1 – 5) a' dèiligeadh gu h-iomchaidh ris na còig bun-raointean airson lìbhrigeadh nan seirbheisean a chomharraich am Bòrd airson Amasan nan Seirbheisean Corporra?

Tha sinn ag aontachadh gu mòr ris na rùintean a tha a' cur taic ri leasachadh na Gàidhlig san àite-obrach agus gu h-àraidh taic do luchd-obrach cothroman a ghabhail air ionnsachadh fad-bheatha. Tha sinn am beachd gu bheil na rùintean seo a' taisbeanadh eisimpleir de dheagh-chleachdadh don Ghàidhlig san àite-obrach agus na eisimpleir do na h-institiuidean fhèin a dh'fhaodadh iad leantainn.

... an gnìomh moltach ... “Far a bheil susbaint ann sa bheil compàirt shònraichte aig coimhearsnachdan no sgìrean Gàidhealach, thèid fiosan-naidheachd a dheasachadh ann an Gàidhlig agus Beurla, is tha BBC Alba air na liostaichean sgaoilidh” - dh'fhaodadh sibh seo ath-sgrìobhadh gus barrachd sheòrsachan daoine a ghabhail a-steach. Oir ... dh'fhaodar a mhìneachadh ... mar gu bheil compàirt nas lugha aig daoine ann an coimhearsnachdan Gàidhlig na aig càch ann an coimhearsnachdan eile, mìneachadh ris nach robh dùil aig an ùghdar, nar beachd-ne, nuair a chaidh na faclan a sgrìobhadh.

An aontaicheadh tu gu bheil na rùintean air a bheil SFC moltach a thaobh prionnsapalan bunaiteach (paragrafan 27 – 32, t-d 11) a’ dèiligeadh gu h-ìomchaidh ris na prionnsapalan gu lèir a chaidh a chomharrachadh leis a’ Bhòrd?

Theireamaid gu bheil paragraf 32 [“Nì SFC cinnteach gun àbhaistich sinn na cothroman aig a’ phoball is ar luchd-obrach air Gàidhlig a chleachdadh, mar thaic don amas ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23 air barrachd cleachdaidh, le tuilleadh dhaoine agus ann an caochladh shuidheachaidhean eile”] adhartach ann an dòigh ìomchaidh, ach tha sinn a’ creidsinn gum feumar barrachd spionnaidh airson na rùintean a thaobh àbhaisteachadh na Gàidhlig a thoirt gu buil - ri linn ‘s cho beag de dhaoine a tha a’ cleachdadh Gàidhlig an-dràsta.

Tha sinn ... a’ cur fàilte gu h-àraidh air an tairgse ghnìomhach airson sheirbheisean Gàidhlig agus mar a thathas a’ tarraing an uallaich air falbh o dhaoine fa leth a bhith ag iarraidh seo.

... feumar dòighean nas fheàrr fhaighinn airson sheirbheisean Gàidhlig SFC a thoirt am follais agus daoine a bhrosnachadh gus an cleachdadh.

An aontaicheadh tu gu bheil lèirsinn leantainneach SFC a thaobh an obair aice le Gàidhlig (paragrafan 7 is 8, t-d 6) ìomchaidh fhathast?

Tha sinn gu h-àraidh a’ dol leis an rùn a thaobh taic do chothroman ann an roinn colaistean is oilthighean na h-Alba air Gàidhlig ionnsachadh ‘s a chleachdadh.

... Tha muinntir na coimhearsnachd ag ràdh rinn gu bheil iad deònach an cànan ionnsachadh, ach leis gu pàigheadh airson chùrsaichean Gàidhlig, gu h-àraidh an luchd-ionnsachaidh aig ìre adhartach... An-dràsta, cha b’ fhiach e don Oilthigh clasaichean seachad air ìre tòiseachaidh a ruith air sgàth an duilgheadais seo, ach tha sinn am beachd gum biodh ùidh aig daoine nan rachadh a thabhann an-asgaidh.

Tha sinn dhen bheachd gu bheil an lèirsinn ro chumhang, agus bu chòir dha bhith nas soilleire mu rannsachadh is conaltradh coimhearsnachd, a chòrr air ionnsachadh is teagasg.

Tha sinn am beachd gu bheil an lèirsinn seo fìor fhreagarrach do obair SFC agus gu bheil i a’ toirt co-theacs a bhiodh brìghmhor airson taic is cunntalachd don Ghàidhlig air feadh roinn an fhoghlaim àrd-ìre is adhartach san fharsaingeachd.

Tha sinn a’ cur fàilte air an iomradh air ... fàs nan cothroman ann an roinn colaistean is oilthighean na h-Alba air Gàidhlig ionnsachadh ‘s a chleachdadh. ...cuspairean àraidh ... a bu chòir a shònrachadh ann am plana SFC. Bhiodh sgoil-shamhraidh feumail mar thaic do leasachadh sgilean cànan nan oileanach Gàidhlig san oilthigh ... chuireamaid fàilte air barrachd conaltraidh bho SFC ri institiùidean air feadh na roinne seo.

Dh’fhaodadh an Lèirsinn san dreachd-Phlana a bhith na bu mhotha agus na b’ adhartach agus a dhol os cionn riatanasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

’S fhiach a thoirt fainear cuideachd gun cuirear an gnìomh Plana Gàidhlig SFC 2020-25 mus tèid an ath-Phlana Gàidhlig Nàiseanta a dheasachadh no aontachadh le Riaghaltas na h-Alba.

Bu chòir don rùn airson roinn nan colaistean is oilthighean a bhith nas adhartach seach dìreach “barrachd chothroman air Gàidhlig ionnsachadh ‘s a chleachdadh”. Bu chòir do rùn gnìomhach a bhith ann gus rannsachadh coimhearsnachd a bhrosnachadh, gu h-àraidh ann an coimhearsnachdan sa bheil Gàidhlig beò fhathast.

A bheil eisimpleirean agad de dheagh-chleachdadh do SFC, a thaobh a bhith ag àbhaisteachadh measadh air feuman Gàidhlig ann an leasachadh poileasaidh?

Tha e cudromach aithneachadh gu bheil obair mhòr a’ dol sa h-uile raon sa bheilear a’ solar Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh, foghlam luchd-teagaisg, rannsachadh is ùr-ghnàthachas agus conaltradh sa choimhearsnachd. Tha àbhaisteachadh na Gàidhlig mar phàirt de na feuman aig leasachadh poileasaidh gus an tèid buntainneachd is meud nan cothroman aig a’ Ghàidhlig aithneachadh.

’S e samhla air deagh-chleachdadh a th’ anns an rùn airson aithris a dhèanamh air obair co-cheangailte ri Gàidhlig aig ìre foghlaim institiùideach is oilthighe tro phròiseas nan aontaidhean buileachaidh agus conaltradh riaghailteach le Oilthighean.

Mholamaid gun comharraich an rùn seo raointean poileasaidh ùra airson Gàidhlig a ghabhail a-steach ... tha poileasaidhean co-cheangailte ri goireasan daonna, eadar-nàiseantachd, conaltradh leis a’ phoball, is iomairtean KE a’ toirt cothroman air leth don Ghàidhlig. An dà chuid a thaobh taic don chànan agus nas urrainn don Ghàidhlig cur ri saoghal nan oileanach eadar-nàiseanta, an luchd-obrach agus na coimhearsnachd air fad timcheall.

Ri linn a’ ghalair-sgaoilte tha sinn a’ cur air adhart ‘s a’ lìbhrigeadh ... clasaichean Gàidhlig air-loidhne do luchd-ionnsachaidh aig ìre tòiseachaidh is eadar-mheadhanach ... Gu ruige seo, fhuaras àireamh mhath de chlàraidhean airson nan clasaichean.

Thug aithisg Soillse mu Chàs na Gàidhlig dùbhlann bunaiteach do leasachadh poileasaidh na Gàidhlig aig ìrean nàiseanta agus roinneil... bidh na coimhearsnachdan sa bheil Gàidhlig beò... agus am pàtrain cainnt mar chlachan-dearbhaidh àbhaisteach is ùghdarrasail fhathast airson leasachadh na Gàidhlig a dhealbhadh

Am bi na rùintean nar Plana Gàidhlig feumail dhaibh, no an aghaidh amasan an Dleastanais air co-ionannachd san Roinn Phoblach (PSED)?

... cuidichidh na rùintean moltach aig SFC, san fharsaingeachd, gu math le amasan an Dleastanais air Co-ionannachd san Roinn Phoblach. Ge-tà, san t-suidheachadh againne ... tha sinn a’ creidsinn gum biodh barrachd cuideim air cothroman air Gàidhlig ionnsachadh aig a’ phoball, agus na h-oileanach againn, fada na b’ fheumaile airson a bhith “ag altram deagh dhàimhean eadar diofar bhuidhnean” na bhith a’ brosnachadh tasgadh ann an soidhnichean dà-chànanach ri ùine a’ phlana.

Chuireadh na rùintean a thathas a’ moladh gu mòr ri amasan a’ PSED ach dh’fheumadh oilthighean tòrr obair a bharrachd, agus feum mòr air stòrasan. Bu toigh leinn a ràdh gun do chuir EHRC agus SFC an ainm ri meòrachan tuigse a thaobh riatanas riaghlaidh air aithrisean airson builean is àbhaisteachadh co-ionannachd ann an aithriseadh nan aontaidhean buileachaidh bhon Ghiblean 2021. Thathar an dùil aithriseadh co-ionannachd is iomadachd a dhèanamh nas èifeachdaiche, le cuideam air ‘neo-ionannachdan seasmhach’.

Tha na rùintean san dreachd-phoileasaidh seo a’ taisbeanadh dòigh mhath, ghnìomhach dìon a chur air còraichean cultarach luchd na Gàidhlig agus bidh e feumail do dh’oilthighean a tha a’ beachdachadh air Gàidhlig sna rùintean aca fhèin airson co-ionannachd. Tha e ag aithneachadh gu bheil luchd na Gàidhlig nan dream cudromach ann an coimhearsnachdan foghlaim àrd-ìre sa bheil iomadachd a’ sìor fhàs. Tha sinn gu sònraichte a’ cur fàilte air na meadhanan a leanas: a’ toirt mion-fhiosrachadh do dh’institiuitean mun àite aig a’ phrionnsapal “spèis cho-ionann” ann am poileasaidh na Gàidhlig; a’ toirt dùbhlann agus taic do dh’institiuitean beàrnann ann an solar na Gàidhlig a chomharrachadh, agus an àireamh de chùrsaichean a tha ri fhaighinn agus an àireamh de luchd-ionnsachaidh mar fhreagairt don iarrtas a mheudachadh.

Far nach eil Gàidhlig ga bruidhinn no ga tuigsinn gu farsaing, tha cion aithne don chànan a’ toirt droch-bhuaidh air an fheadhainn aig a bheil i mar chainnt mhàthaireil. Cuidichidh na rùintean sa Phlana Gàidhlig seo le mothalachd air Gàidhlig àrdachadh: ach feumar faiceall nach tèid mì-rùn a dhùsgadh am measg nan Gall a tha a’ saòilsinn nach eilear a’ toirt feart air a’ chànan acasan.

Tha Plana na Gàidhlig a’ dèiligeadh ri leth-bhreith a thaobh cleachdadh cànan agus gabhaidh seo a leudachadh ‘s adhartachadh barrachd le bhith ga ghabhail a-steach ann am modhan-aithrisidh PSED.

Section 11: ... the data table, as currently presented, does not provide clarity on the decline in speaker numbers: it would be more useful to state the 29% decline in speaker numbers since 1961 to indicate the level of challenge, and/or show the differential between the Highlands and Islands and the Rest of Scotland. The challenges ... are being “disguised” in a high-level portrayal of data.

Section 13: It could be helpful ... if some points ... could be specified in relation to how Gaelic communities could be supported in the sphere of SFC operations (whilst not directly related to SFC operations, such a linkage, where appropriate could be possibly agreed through the Outcome Agreements of relevant institutions).

A linkage could also be usefully made to the Islands Bill/Plan.

Cuir beachdan sam bith eile a th’ agad an seo

Mar thaic do àrdachadh mothalachd air Gàidhlig cuiridh sinn [air dòigh] seiseanan mun Ghàidhlig mar phàirt de thachartasan leasachadh luchd-obrach na Colaiste.

Tha sinn moltach air amasan nan rùintean a th’ air an suidheachadh ann an dreachd-phlana Gàidhlig SFC. Ach, dh’earalaicheadh sinn gum biodh cuid de na gnìomhan a chaidh a mholadh do dh’oilthighean na eallach-obrach caran trom aig àm sa bheil sruthan-obrach taobh ri taobh a’ feuchainn ris an uallach air institiuitean a lùghdachadh. Dh’fhaodadh SFC taic a chur ris na molaidhean ann an oilthighean is colaistean le bhith a’ coimiseanadh stòrasan co-roinnte agus a’ cur maoinean-airgid ri fhaighinn.

Tha an t-Oilthigh ... a’ cur fàilte bhlàth air an dreachd-phlana Ghàidhlig seo. Tha e a’ taisbeanadh deagh-chleachdadh don Ghàidhlig san àite-obrach agus tha sinn moltach air an rùn airson trèanadh mothalachd do bhuill a’ Bhùird is luchd-stiùiridh. Trèanadh mothalachd ann an colaistean is oilthighean - chuireamaid fàilte air stiùireadh nas treasa an seo, ‘s dòcha a’ cur riatanas air institiuitean seo a chur an gnìomh mar phàirt de na h-aontaidhean buileachaidh? Fiosrachadh Gàidhlig air làraichean-lìn nan colaistean is oilthighean - bhiodh stiùireadh na bu treasa bho SFC feumail agus dh’ath-neartaicheadh e an riatanas a tha mar phàirt de rùintean Bòrd na Gàidhlig airson seirbheisean corporra do bhuidhnean poblach.

Tha sinn am beachd gun toir an t-àrd-amas a leanas neart is taic do chur-an-gnìomh a’ Phlana Ghàidhlig againn fhìn. “Leis na modhan againn mar thaic do chàileachd is buaidh, dèan cinnteach gun cùm colaistean is oilthighean ris a’ phrionnsapal a thaobh spèis cho-ionann do Ghàidhlig air feadh togalaichean is àrainnean, oileanaich agus cultar an institiuid.”

Tha sinn a’ cur aonta làidir ri ro-innleachd gus taic a chumail ri sìneadh a-nuas a’ chànan sa choimhearsnachd ...

Tha sinn a’ cur ar làn taic ris a’ mholadh airson coinneamh mu fhoghlam treasach ann an 2021 – 22 gus beachdachadh air cùisean poileasaidh na Gàidhlig agus nì sinn cinnteach gu bheil an t-Oilthigh ... air a riochdachadh aig na coinneamhan sin.

Dh’fhaodadh e bhith feumail prìomhachasan is targaidean do dh’oilthighean is colaistean a chomharrachadh mar chuideachadh do dh’institiuitean tomhadh ri adhartas nas luaithe sna planaichean Gàidhlig aca fhèin. Ged nach deach òrdachadh le Riaghaltas na h-Alba, dh’fhaodadh SFC beachdachadh air oidhirp gus aithneachadh coltach ris fhaighinn don Bheurla Ghallda.

Tha e na phlana adhartach a chuireas ri oidhirpean coitcheann nam buidhnean gu lèir agus a tha toirt aire gheur do leasachadh bhuilean, gu h-àraidh tro shruthan-obrach ìre-adhartais nas luaithe.

Tha an dreachd-phlana ag iomradh an-dràsta air toraidhean bho leabhar The Gaelic Crisis in the Vernacular Community a fhuair leth-chuid den mhaoineachadh aige bho SFC. Chan eil an dreachd-phlana, ge-tà, ag iomradh air foillseachan sgoilearach sam bith eile ann an eòlas na Gàidhlig, fiù ‘s a thaobh togail dàrna cànan le inbhich, cuspair aig a bheil ceangal dìreach ri mòran de na h-àrd-amasan ann am plana SFC.

Tha grunn dhùbhlain throm-chuiseach ro choimhearsnachdan Gàidhlig an-dràsta

leithid gainnead de thaighean saora, cion obraichean a tha buan le tuarastal math, dì-dhaoineachadh, msaa, nithean a tha a' cur ri crìonadh bruidhinn na Gàidhlig sna coimhearsnachdan dùthchasach aice.

Feumaidh sinn slighe-ionnsachaidh sa bheil daoine air am bogadh sa Ghàidhlig gu lèir ann an institiutidean fa leth, bhon bhunsgoil tron àrdscoil gu ìre oilthighe, mar sin thèid buaineachd a' chànain 's a' chultair a neartachadh.

Earrainn 11: ... chan eil an clàr-dàta, mar a chithear an-dràsta e, soilleir mun chrìonadh ann am fileantaich na Gàidhlig: bhiodh e na b' fheumaile a ràdh gu bheil àireamhan fhileantaich air crìonadh 29% bho 1961 gus meud an dùbhlain a chomharrachadh, agus/no an diofar eadar a' Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan agus an còrr de dh'Alba a shealltainn. Tha na dùbhlain ... air am falach ann an dealbh toinnte de dhàta.

Earrainn 13: Dh'fhaodadh e bhith cuideachail ...nan rachadh corra phuing ... a shònrachadh a thaobh ciamar a chumadh sinn taic ri coimhearsnachdan Gàidhlig an lùib obair SFC (ged nach eil e gu dìreach ceangailte ri obair SFC, dh'fhaoidte gun gabhadh aonta a ruighinn air an t-seòrsa ceangail seo tro Aontaidhean Buileachaidh nan institiutidean buntainneach, far a bheil sin iomchaidh).

Dh'fhaodadh ceangal a dhèanamh ri Bile/Plana nan Eilean, far am biodh sin feumail.



Scottish Funding Council
Comhairle Maoineachaidh na h-Alba

**APEX 2 - 97 HAYMARKET TERRACE
EDINBURGH - EH12 5HD
T 0131 313 6500 - F 0131 313 6501
WWW.SFC.AC.UK**